

Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010

Aithisg bho Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Sgoiltean, a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh bho Chomhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Thornliebank bhon Lùnastal 2023. Bidh crìochan na comhairle air an cleachdadh mar an sgìre-sgoile lìnichte air a sònrachadh don sgoil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GMPE), a' tar-chòmhdach sgìrean-sgoile nam bun-sgoiltean tro mheadhan na Beurla. Tha am moladh a' mìneachadh cuideachd rèiteachaidhean mu choinneamh clàradh.

An Dàmhair 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh HM) ann an co-rèir ri cumhachan [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). Is e bun-adhbhar na h-aithisg seo, beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a sholarachadh air a’ mholadh bho Chomhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (GMPE) a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Thornliebank bhon Lùnastal 2023. Bidh seo a’ gleidheadh crìochan na comhairle mar an sgìre-sgoile linichte air a sònrachadh don sgoil Foghlam Meadhan Gàidhlig, a’ tar-chòmhdach nan sgìrean-sgoile do bhun-sgoiltean tro mheadhan na Beurla. Tha am moladh a’ mìneachadh cuideachd nan ullachaidhean mu choinneamh clàradh. Tha Earrann a Dhà den aithisg a’ toirt seachad mion-fhiosrachadh goirid air a’ phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann a Trì a’ mìneachadh beachdachadh Luchd-sgrùdaidh HM air na taobhan foghlaim den mholadh, a’ gabhail a-steach bheachdan cudromach air an labhairt le luchd-com-pàirt. Tha Earrann a Ceithir a’ toirt geàrr-iomradh air beachd iomlan Luchd-sgrùdaidh HM mun mholadh. Le bhith a’ faighinn na h-aithisg seo, tha Achd 2010 ag iarraidh gum beachdaich a’ chomhairle oirre agus gun ullaich iad an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca. Bu chòir do dh’aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle a bhith a’ gabhail a-steach na h-aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte de mar, ann an cur crìoch air a’ mholadh seo, tha iad air a’ chiad mholadh ath-sgrùdadh, a’ gabhail a-steach geàrr-iomradh air puingeann a chaidh a thogail rè a’ phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus tìgear chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh HM air:

- na buaidhean a tha coltach bhon mholadh air clann agus daoine òga na sgoile; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a tha buailteach a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna de cheann-latha foillseachaidh air a’ phàipear mholaidh; agus clann is daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile bhon mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle a’ coimhead ri buaidhean mì-fhàbharach a lùghdachadh no a sheachnadh, a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle a’ creidsinn a thig à buileachadh a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson a thighinn gu na creideasan sin.

1.3 Ann an ullachadh na h-aithisg, ghabh Luchd-sgrùdaidh HM na gnìomhan a leanas os làimh:

- làthaireachd aig a’ choinneimh phoblaich a chumadh air 15 Sultain 2022, co-cheangailte ri molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air gach ìre de phàipearachd a tha buntainneach agus a sholaraidh a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte an aithris mu bhuanachdan foghlaim agus na pàipearan co-chomhairleachaidh co-cheangailte, tagraidhean sgrìobhte agus labhairte bho phàrantan agus daoine eile; agus
- deasbadan le stiùirichean buntainneach.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear co-chomhairleachadh os làimh air na molaidhean aca a thaobh [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Bha an co-chomhairleachadh a' ruith bho 17 Lùnastal 2022 gu meadhan-oidhche air 3 Dàmhair 2022. Bha am pàipear molaidh ri fhaicinn airson a sgrùdadh air-loidhne, agus mar lethbhreac pàipeir san sgoil, agus ann an sgoiltean air an robh buaidh, agus ann an Àrd Oifis iomadh comhairle. Chaidh àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta na comhairle a chleachdadh gus an co-chomhairleachadh a shanasachadh agus mothachadh a thogail. Chaidh coinneamh phoblach a chumail ann am Bun-sgoil Naoimh Chadoc. Bha buill thaghte agus àrd-oifigearan na comhairle an làthair gus am moladh a dheasbad leis na 15 duine a bha an làthair. Thog an luchd-frithealaidh àireamh de cheistean aig a' choinneimh phoblaich. Bha iad sin a' gabhail a-steach mar a bhiodh àiteachan ann am Foghlam Meadhan Beurla air an riarachadh, agus mar a dheigheadh goireasan leithid luchd-obrach a shònrachadh. Chùm riochdairean bhon ùghdarras ionadail coinneamh cuideachd le riochdairean bho Chomhairle Phàrant Bun-sgoil Thornliebank airson am moladh a dheasbad. Bha àite ainmichte air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear, anns an robh fiosrachadh, am pàipear molaidh agus cothrom air freagairt don cho-chomhairleachadh reachdail.

2.3 Ghabh Roinn Foghlaim na Comhairle gnìomh co-chomhairleachaidh os làimh leis na sgoilearan uile ann am Bun-sgoil Thornliebank. Chaidh cuireadh a thoirt don chloinn am beachdan a thoirt seachad mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh san sgoil. Bha caipteanan taighe is iar-chaipteanan a' stiùireadh na cùise co-chomhairleachaidh le taic bho luchd-obrach na sgoile agus comhairliche neo-eisimeileach bho roinn foghlaim an ùghdarras ionadail. Chaidh aithisg geàrr-iomraidh ullachadh de bheachdan nan sgoilearan. Bha a' mhòr-chuid de sgoilearan ann am Bun-sgoil Thornliebank ag aontachadh ris a' mholadh.

2.4 Fhuair a' chomhairle 80 freagairt air-loidhne don cho-chomhairleachadh. Chaidh beachdan luchd-obrach na comhairle a shireadh. Tha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt (61%), a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant, a' cur taic ris a' mholadh. Bha na buidhnean Gàidhlig sin taiceil don mholadh oir tha iad a' creidsinn gun solaraidh e clann le buannachdan Gàidhlig ann am foghlam, dà-chànanas agus gum broснаich e iomadachd. Dh'aontaich luchd-freagairt a' cho-chomhairleachaidh uile ris an sgìre-sgoile a tha air a mholadh a thaobh sgìre iomlan chruinn-eòlasach Chomhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a ghabhail a-steach. Dh'aontaich luchd-freagairt gum biodh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an co-rèir ri poileasaidhean clàraidh sgoiltean agus iarrtasan àite-sgoile na comhairle.

2.5 Bha beag-chuid (39%) nach robh ag aontachadh ris a' mholadh. Bha àireamh den luchd-fhreagairt sin nach robh a' tuigsinn adhbhar a' cho-chomhairleachaidh agus thug iad seachad am beachdan air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bha an co-chomhairleachadh reachdail mu dheidhinn làrach airson solar ùr don Ghàidhlig. Tha an t-ùghdarras foghlaim a' stiùireadh dleastanas a thaobh taic do agus adhartachadh air Foghlam Gàidhlig. Bu chòir dhaibh leantainn air adhart ag obair air tuigse do Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig adhartachadh.

2.6 Bha àireamh shusbainteach de dhraghan aig an luchd-com-pàirt timcheall air cùisean a thaobh buileachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bha beagan dhiubh a' faireachdainn gum faodadh am moladh suidheachaidhean làithreach a thaobh trafaig aig an sgoil, a chur am mìosad. Bu chòir don chomhairle measadh cunnairt a thoirt gu buil den bhuidhe san amharc aig a' mholadh air stiùireadh trafaig agus sàbhailteachd, gu h-àraid mar a bhios clàraidhean a' meudachadh. Thug cuid den luchd-fhreagairt am beachd do Luchd-sgrùdaidh HM gum bu chòir atharrachadh sam bith air goireasan agus farsaingeachd na sgoile a bhith na bhuanachd don dà chuid clasaichean tro Mheadhan na Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla.

3. Taobhan Foghlaim den Mholadh

3.1 Tha a' chomhairle air aithris shoilleir foghlaim a thoirt gu buil mu na buannachdan a tha a' tighinn bhon mholadh aca. Chan eil a' chomhairle gu làithreach a' solarachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Gu làithreach, tha teaghlaicean a tha airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a' faotainn seo

ann an ùghdarrasan ionadail san nàbaidheachd. Thaisbean làn-mheasadh na comhairle air an iarrtas airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, ùidh gu leòr gus an seòrsa foghlaim seo a stèidheachadh. Solaraidhidh am moladh, ma dh'aontaichear ris, cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig ìrean bun-sgoile ann am Bun-sgoil Thornliebank ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear. Tha seo a' cur taic ris a' Ghàidhlig, builean cothromachd, co-ionannachd agus in-ghabhail aig ìrean bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.

3.2 Ann an stèidheachadh solar do Fhoghlam Mheadhan Gàidhlig tro làn-bhogadh, bidh a' chomhairle a' cur taic ri leasachadh agus cumail suas na Gàidhlig don luchd-còmhnaidh. Tha a' chomhairle a' planadh air beachdachadh air Gàidhlig taobh a-staigh na ro-innleachd Chànanan 1+2. Mheudaicheadh seo nas motha agus dhoimhnicheadh e na buannachdan foghlaim bhon mholadh seo, a thuilleadh air a' chomhairle a chuideachadh ann an coileanadh builean nàiseanta do Fhoghlam Gàidhlig agus cinn-uidhe Plana Gàidhlig an ùghdarras ionadail aca.

3.3 Tha a' mhòr-chuid den chloinn a libhrig am beachdan tron t-suirbhidh sgoile no a' labhair gu dìreach ri Luchd-sgrùdaidh HM, ag aontachadh ris a' mholadh. Tha iad a' creidsinn gum faigh clann aig Bun-sgoil Thornliebank buannachd bho luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a tha a' frithealadh na sgoile. Tha a' mhòr-chuid de phàrantan a tha ag iarraidh Foghlam Meadhan Gàidhlig, no a bhios san àm ri teachd, a' cur fàilte air a' mholadh. Ann an crìochnachadh a' mholaidh, agus ann an ullachadh agus foillseachadh na h-aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aca, bu chòir don chomhairle leantainn air adhart a' conaltradh ri luchd-obrach agus pàrantan aig Bun-sgoil Thornliebank. Bu chòir don seo amas air tuigse cho-roinnte nas cunbhalaiche do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh, na buaidhean do na h-uile an lùib na roghainn ùir seo agus gus taic a chur ri ullachaidhean eadar-ghluasaid don sgoil.

3.4 Tha Luchd-sgrùdaidh HM a' dèanamh gairdeachas gu bheil a' chomhairle san àm ri teachd a' planadh Foghlam Meadhan Gàidhlig mar eòlas leantainneach tri gu ochd-deug. Aig an ìre seo, tha am planaichean a' coileanadh an dleastanais reachdail a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh aig P1. Tha e cudromach gu bheil builean rùnaichte tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne an-asgaidh rim faotainn le luchd-cleachdaidh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha beagan den luchd-fhreagairt air iomradh a thoirt air dùbhlain an lùib trusadh agus cumail luchd-obrach. Tha seo air a mhion-fhiosrachadh cuideachd ann am pàipear molaidh na comhairle. Tha beagan den luchd-fhreagairt air ceist a thogail a thaobh mar a bhios làn-bhogadh air a libhrigeadh, ach aig an aon àm dèanamh cinnteach à ùine neo-bheantainn thidsearan agus a bhuidh air buannachdan foghlaim.

3.5 Tha Luchd-sgrùdaidh HM ag aontachadh ri plana na comhairle gu measadh buaidh chòraichean chloinne, cothromachd agus co-ionannachd a ghabhail os làimh air a' mholadh. Dheigheadh togail air an fhiosrachadh seo ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh deireannach. Tha a' chomhairle, an luchd-obrach agus na sgoilearan air tòiseachadh deimhinneach a dhèanamh ann an deasbad air na buaidhean an lùib a' chiad solair Foghlam Meadhan Gàidhlig aig an ùghdarras. Bu chòir dhaibh leantainn air adhart, mar a bha air a phlanadh, a' nochdadh seo ann an lèirsinn, luachan, amasan agus feallsanachd na sgoile don churraicealam, gus buannachdan àrd-chàileachdail agus builean a' mholaidh aca a mheudachadh fiù nas àirde. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach beachdan air an deagh fhiosrachadh a tha a' taisbeanadh cothromachd, co-ionannachd agus in-ghabhail do luchd-ionnsachaidh uile.

4. Geàrr-iomradh

Rinn Luchd-sgrùdaidh HM luachadh air moladh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear gus Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Thornliebank bhon Lùnastal 2023 agus às a dhèidh; sgìre-sgoile linichte a stèidheachadh do GMPE; rèiteachaidhean clàraidh a stèidheachadh. Tha Luchd-sgrùdaidh HM ag aontachadh gu bheil comas aig a' mholadh buileachadh ann am buannachdan foghlaim. Ann a bhith ag adhartachadh a' mholaidh, bu chòir

don chomhairle leantainn a' conaltradh ri luchd-ùidhe nam planaichean airson an t-solair. Nan aithisg dheireannaich, bu chòir don chomhairle mar a chaidh a phlanadh, measadh cunnairt airson sàbhailteachd rathaid a chrìochnachadh agus planaichean a bheachdachadh gu cùramach airson stiùireadh trafaig. Bu chòir dhaibh beachdachadh cuideachd air na beagan phuingean a chaidh a thogail le luchd-ùidhe, mar a tha mion-fhiosraichte ann an earrann a trì, gus na builean cothromachd agus co-ionannachd as fheàrr a dhèanamh cinnteach do luchd-ionnsachaidh.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An Dàmhair 2022